

Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 3 Levels for the Bronze Card and 3 sample conversations for each level, (with the exception of Level 1 which has 2 sample conversations) giving a total of 8 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see the *Learners' Guide* for An Comunn Gàidhealach assessments.

To attain the Bronze Card, the learner must succeed at all 3 levels and attain 50% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations.

Please note that, although the –ibh forms are used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

Ìre 1 / Level 1,

Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, Iain, madainn mhath.

NI: Hallò, madainn mhath, ciamar a tha sibh?

NM: Tha gu math, tapadh leibh. Tha i brèagha an-diugh, nach eil?

NI: O, tha, tha i brèagha agus blàth cuideachd.

NM: Cò às a tha sibh fhèin?

NI: Tha mi à Steòrnabhagh ach tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.

NM: Tha mise a' fuireach ann an Glaschu, ann am Partaig. O, a bheil sibh ag iarraidh tì no cofaidh?

NI: Tha mi ag iarraidh tì, mas e bhur toil e. Tì le bainne agus siùcar.

NM: Glè mhath, seo dhuibh cupa tì agus seo an siùcar.

NI: Tapadh leibh.

NM: Agus dè an obair a th' agaibh fhèin?

NI: 'S e rùnaire a th' annam. Tha mi ag obair ann an oifis.

NM: Agus an toigh leibh obair ann an oifis?

NI: O, 's toigh l'. Tha e math.

NM: Cuin a tha an oifis a' fosgladh anns a' mhadainn?

NI: Tha i a' fosgladh aig naoi uairean agus tha i a' dùnadh aig còig.

NM: Glè mhath.

NI: A bheil sibh fhèin ag obair?

NM: Chan eil, tha mi air m' obair a leigeil dhìom.

NI: Tha sibh a' fuireach an Inbhir Nis. A bheil clann agaibh?

NM: Tha, tha nighean agus gille againn.

Ìre 1 / Level 1

Còmhradh 2 / Conversation 2

NM: Tha sibh a' fuireach ann an Inbhir Nis. A bheil sibh a' fuireach anns a' bhaile no a bheil sibh a' fuireach faisg air a' bhaile?

NI: Tha mi a' fuireach anns a' bhaile air Sràid Choinnich. A bheil sibh a' fuireach ann am Partaig?

NM: Tha , faisg air Rathad Bhyres. Is caomh leam Partaig. An caomh leibh Inbhir Nis?

NI: 'S caomh l'.

NM: A bheil sibh a' falbh air an trèan a dh'Inbhir Nis?

NI: Chan eil, tha mi a' dol air a' bhus.

NM: Cuin a tha am bus a' falbh?

NI: Aig trì uairean.

NM: Glè mhath, agus a bheil sibh ag ionnsachadh Gàidhlig?

NI: Tha, tha beagan Gàidhlig agam.

NM: Tha sibh a' tuigsinn beagan?

NI: Tha, tha mi a' tuigsinn beagan.

NM: Dè an obair a th' agaibh?

NI: 'S e nurs a th' annam. Dè an obair a th' agaibh fhèin?

NM: Chan eil mi ag obair, tha mi air m' obair a leigeil dhìom. Càit a bheil thu ag obair an-dràsta?

NI: Anns an Ràthaig Mhòir. 'S e nurs a th' annam anns an Ràthaig Mhòir.

NM: Glè mhath. A bheil sibh ag iarraidh cofaidh eile?

NI: Chan eil, tapadh leibh.

NM: An do chòrd an cofaidh ribh?

NI: Chòrd, tha e math. O, dè an uair a tha e?

NM: Tha e timcheall air ceithir uairean.

NI: Tha mi a' seinn aig cairteal an dèidh ceithir ...

NM: O, glè mhath. 'S fheàrr dhuibh falbh ma tha. Rinn thu glè mhath.

NI: Tha mi duilich, chan eil mi a' tuigsinn.

NM: You had better go! You did very well!

NI: Tapadh leibh.